

Plana Gàidhlig NLS

2012-2017

**Air ullachadh a rèir earrainn 3
de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005**

Air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig: 11 Dùbhlachd 2012

Taing

Tha NLS a' toirt taing do Ghailearaidhean Nàiseanta na h-Alba a thug dhuinne cead mòran den fhiosrachadh dheamografach a nochd sa Phlana Ghàidhlig aca a chleachdadh sa Phlana seo.

Taing do Eric Dickson, Iar-ghlèidheadair Tasgaidh Laghail, a dheasaich Plana Gàidhlig neo-reachdail do NLS mar phàirt den phròiseact cairte (chartership) CILIPS aige an 2008-09, às an tàinig mòran de na beachdan a nochdas sa Phlana.

Facal-toisich

Tha Leabharlann Nàiseanta na h-Alba toilichte dha-rìribh am Plana Gàidhlig reachdail seo fhoillseachadh. Tha an Leabharlann a' cur prìomhachas mòr air tional is glèidheadh dualchas clàraichte na h-Alba agus ga fhosgladh a-mach don mhòr-shluagh. Tha àite mòr aig a' Ghàidhlig san dualchas seo agus tha sinne den bheachd gur ann aig NLS a tha an cruinneachadh as luachmhoire de stuth Gàidhlig san t-saoghal. Cumaidh sinn oirnn a bhith a' cur ris a' chruinneachadh seo (le stuth eachdraidheil agus bhon là an-diugh) agus a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi e fosgailte do dhuine sam bith a tha airson a chleachdadh, airson ionnsachadh agus airson brosnachadh fhaighinn às. Tha am Plana Gàidhlig againn a' toirt àite mòr don amas seo, agus tha sinn a' saòilsinn gu bheil e na dòigh àraidh anns an urrainn do NLS cur ri fallaineachd na Gàidhlig.

Tha sinn cuideachd ag aithneachadh gu bheil cudrom mòr ga chur air a' Ghàidhlig am poileasaidh poblach Riaghaltais na h-Alba is Bhòrd na Gàidhlig; air a dhèanamh aithnichte le 'Plana Nàiseanta na Gàidhlig' agus Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha sinn den bheachd gum bi am Plana seo na chuideachadh mòr a chum suidheachadh seasmhach a chruthachadh don Ghàidhlig agus a chum barrachd spèis a bhith ga toirt dhi; a' togail air eachdraidh NLS ann a bhith a' tional, a' glèidheadh agus a' tarraing aire chun nan cruinneachaidhean Gàidhlig againn. An lùib na h-obrach seo, tha sinn air a bhith a' tional leabhraichean, irisean agus stuth eile; a' togail dhàimhean le foillsichearan stuthan Ghàidhlig agus a' cur sreath de thachartasan poblach agus foghlaim air dòigh. Tha sinn cuideachd air airgead mòr a chosg air na ceudan de mhiltean duilleagan de leabhraichean teirce Gàidhlig a chuir an cruth didseatach; iomairt le cudrom mòr eadar-nàiseanta. An lùib a' Phlana seo tha an gealltanas brioghmhor (Gnìomh 15) gun toirear piseach air eòlas sònraichte ghlèidheadairean a thaobh na Gàidhlig.

Chùm sinn co-chomhairle air dreach Phlana san Ògmhios agus an Iuchar 2011 agus thugadh aire do na beachdan a fhuair air ais sinn nuair a chaidh am Plana seo a dheasachadh airson cur a-steach do Bhòrd na Gàidhlig. Tha sinn air molaidhean agus beachdan fhaighinn bhon Bhòrd eadar an t-Samhain 2011 agus Màrt/Giblean 2012 agus thugadh aire don stiùireadh seo nuair a rinneadh ath-sgrìobhadh air a' Phlana; a fhuair aonta bho Bhòrd Urrasairean an Leabharlainn aig coinneamh air 25 Ògmhios 2012.

Martyn Wade
Leabharlannaiche Nàiseanta agus Ceannard
Leabharlann Nàiseanta na h-Alba

Ògmhios 2012

Clàr-innse

1. Ro-ràdh

2. Cruinneachaidhean

3. Foghlam, Ionnsachadh agus Ruigsinneachd

4. Gnothaichean corporra

5. Maoineachadh

6. Measadh agus sgaoileadh fiosrachaidh

7. Am Plana Gnìomha

1. Ro-ràdh

An co-theacs laghail

Chaidh am Plana seo a chruthachadh a rèir riatanasan reachdail Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus le aire do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2007-12, do Ghinealach Ùr na Gàidhlig, is don Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig. Chuir Bòrd na Gàidhlig fios gu Leabharlann Nàiseanta na h-Alba (NLS) gun robh againn ri Plana Gàidhlig reachdail còig bliadhna a dheasachadh. Chuireadh dreach den Phlana a-steach chun a' Bhùird san Iuchar 2011 agus rinneadh atharrachadh air an dèidh dhuinne molaidhean neo-fhoirmeil fhaighinn air ais. Chaidh a chuir a-steach às ùr san t-Samhain 2011 agus 's ann a tha an dreach seo den Phlana stèidhichte air na molaidhean a bharrachd a fhuair bhon Bhòrd an uair sin.

Nuair a chuireadh fios thugainn, dh'ainmich am Bòrd ceithir amasan àrd-ìre do NLS:

- Gun cuireadh sinn suaicheantas corporra na buidhne an riochd dà-chànanach (ach gum faod sinn an geàrr-ainm NLS fhàgail mar a tha e air ar toil fhìn), a' sealltainn co-ionannachd spèis don dà chànan, airson cleachdadh às ùr no rè ùrachadh
- Gun dearbhadh sinn dè ar modh-obrach a thaobh na h-ìre de Ghàidhlig a thèid a chleachdadh an eadar-mhìneachadh, foillseachaidhean agus air soidhnichean, aig goireasan luchd-tadhail, taisbeanaidhean agus air-loidhne, airson cleachdadh às ùr no rè ùrachadh
- Gun cuireadh sinn seirbheisean sònraichte air dòigh do theaghlaichean le Gàidhlig agus do dh'Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
- Gun cuideachadh sinn ann a bhith a' cur an gnìomh is lìbhrigeadh Ginealach Ùr na Gàidhlig gu h-àraidh Foghlam Inbheach agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

Rinn NLS beachdachadh mòr air an stiùireadh seo agus tha na gealltanasan againn mu choinneamh nam molaidhean ri leughadh sa Phlana. Rinn sinn co-dhùnadh, ge-tà, gun an teamplaid a rinn am Bòrd mar mhodail a leantainn facal air an fhacal gus barrachd cuideim a chuir air an dòigh shònraichte anns as urrainn do NLS cur ris a' Ghàidhlig agus a cultar. Tha mòran den Phlana seo cuideachd stèidhichte air planaichean (neo-reachdail) eile a rinneadh le NLS an 2009 agus air ro-innleachd corporra ùr Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, 'Connecting Knowledge'. Tha an ro-innleachd seo ag ràdh gur e ceann-uidhe NLS "ga dhèanamh comasach do na h-uile eòlas fhaighinn mu Alba agus ann an Alba" leis na prìomh chuspairean, 'Susbaint' agus 'Ceanglaichean'. Tha sinn a' faicinn nan cuspairean sin air leth freagarrach do ar cruinneachaidhean Gàidhlig is do dh'obair chudromaich NLS ann a bhith a' togail cheanglaichean eadar na cruinneachaidhean seo agus coimhearsnachdan Gàidhlig is feadhainn eile aig am biodh ùidh.

Mu NLS


Chaidh Leabharlann Nàiseanta na h-Alba a stèidheachadh - an dèidh Achd Leabharlann Nàiseanta na h-Alba 1925 - mar Leabharlann Nàiseanta do dh'Alba, stèidhichte air na cruinneachaidhean neo-laghail aig Leabharlann an Luchd-tagraidh, a chuireadh chun an Leabharlann Nàiseanta. Fon Achd seo, bha an NLS ga riaghladh le Bòrd de 32 urrasairean le sia 'àitichean tro dhreuchd'. Anns an Dàmhair 2011, ge-tà, thuir Riaghaltas na h-Alba gun robhas dol a chur às de dh'Achd 1925; ag ùrachadh mhodhan-riaghlaidh NLS le Bòrd de 14 buill. Fhuair am Bile seo Aonta Rìoghail san Ògmhios 2012.

Tha an NLS a' tional mu 250,000 foillseachaidhean ùra gach bliadhna cho math ri mòran stuthan didseataich, film agus làmh-sgrìobhainnean. Tha sinn a' cruinneachadh na mòr-chuid de seo tro Thasgadh Laghail – is e an NLS an t-aon leabharlann an Alba as urrainn lethbhreac fhaighinn de gach foillseachadh à Breatainn agus Èirinn. Tha sinn fhathast a' sgoileadh fhoillseachaidhean gu Dàmh an Luchd-tagraidh.


Faodaidh luchd-cleachdaidh an NLS a bhith ann an àite sam bith air feadh an t-saoghail, ged a tha àite sònraichte aig luchd-cleachdaidh Albannach. Tha an NLS air adhartas mòr a dhèanamh o chionn ghoirid chum a bhith na buidheann fhosgailte a tha 'a' coimhead a-mach'. Mar seo, ged a thathas a' smaoineachadh mun NLS mar ghoireas do luchd-rannsachaidh, tha sinn cuideachd a' toirt sheirbheisean seachad do sgoiltean, luchd-tadhail is don phoball; mar eisimpleir tro sheirbheisean didseatach, taisbeanaidhean is tron Ionad-tadhail. Tha mu chairteal den fheadhainn a tha a' cleachdadh sheirbheisean air-loidhne NLS an dùthchannan cèin. Tha luchd-rannsachaidh le ùidh an clàran nàiseanta na h-Alba a' tighinn chun an NLS bho air feadh an t-saoghail, chan ann bho Alba a-mhàin (feuch an diagram gu h-ìosal) Tha na figearan seo a' sealltainn gu bheil mòran à dùthchannan le sluaigh mòr a bhuineadh do dh'Alba (leithid Astràilia, Sealan Nuadh, is gu h-àraidh Canada is na Stàitean Aonaichte) a' cleachdadh sheirbheisean NLS.

Tha an t-Ionad-tadhail againn mar 'Uinneag-bhùtha' an Leabharlann, agus e saor is an-asgaidh faighinn ann. Nì sinn rannsachadh air cothroman gus cruinneachaidhean agus stuth eadar-mhìneachaidh Gàidhlig a chur san Ionad-tadhail. 'S dòcha gum bi cothrom ann a dhol eadar na naidheachdan air BBC24 (air an-dràsta sa chafaidh) agus bhideothan Gàidhlig.

Dùthchannan luchd-tadhail www.nls.uk



Lorgar prìomh thogalaichean poblach NLS an Dùn Èideann (Drochaid Sheòrais IV agus Causewayside) le Tasglann Sgrion Alba (a chaidh a dhèanamh na phàirt de NLS an 2007) an Hillington, Glaschu.



Obair shònraichte NLS

Tha a' Ghàidhlig na h-eileamaid chudromach an dualchas na h-Alba. Tha sinn a' creidsinn gur ann aig an NLS a tha an cruinneachadh de stuth Gàidhlig as motha san t-saoghal – tha mìneachadh air meud agus gnè a' chruinneachaidh seo an Earrann 2. Le cudrom shònraichte aig an stuth seo, tha sinn a' saoilinn gur ann tro bhith a' cur fòcas air na cruinneachaidhean fhèin, gan glèidheadh agus ag àrdachadh na h-ìomhaigh aca, a tha an cothrom as fhèarr aig NLS air cur ri spèis agus fallaineachd na Gàidhlig thairis air an fhad-ùine.

Aig cridhe obair NLS tha tional agus glèidheadh chlàran sgrìobhte is foillsichte na h-Alba, ach am bi iad fosgailte do na h-uile, an-diugh agus thar an ama ri teachd. Tha an cruinneachadh nàiseanta seo na phàirt cudromach den dualchas nàiseanta, agus feumar dèanamh cinnteach gum bi e ri fhaighinn aig luchd-rannsachaidh an là an-diugh agus aig na ginealaichean ri thighinn. Tha cothroman mòra ro-innleachdail agus dùbhlain mhòra an lùib na dòigh sa bheil fiosrachadh agus eòlas gan cruthachadh, gan glèidheadh agus gan dèanamh fosgailte mar a thig leasachadh air an t-saoghal dhidseatach.

Is e an dòigh as luachmhoire air NLS air cur ris a' Ghàidhlig ach le a bhith a' cruinneachadh stuth Gàidhlig is a' tarraing dhaoine thuige. Mar seo, tha sinn a' clàradh stuth Gàidhlig, ga chur an cruth didseatach, a' cur thachartasan poblach Gàidhlig air dòigh agus a' bruidhinn ri buidhnean Gàidhlig. Tha barrachd air seo an Earrann 3.

Tha ro-innleachd chorpóra NLS a' cur prìomhachas air leasachadh nam pròiseasan air tasgaidhean laghail a thaobh cruinneachadh stuth (stuth Gàidhlig na mheasg) air fhoillseachadh an Alba. Airson fios a bhith againn mu stuth Gàidhlig nach fhaigh sinn tro thasgadh laghail (stuth air fhoillseachadh taobh a-muigh Bhreatainn) cuiridh sinn Clàr-leabhraichean de Ghàidhlig na h-Alba air dòigh (Gnìomh 8), agus thèid stuth freagarrach a cheannach le luchd-obrach nan Nua-chruinneachaidhean Albannach (feuch Gnìomh 1).

Dàta deamografach: Cleachdadh na Gàidhlig an raon-obrach NLS

Mar bhuidheann phoblach nàiseanta (agus eadar-nàiseanta), tha gach coimhearsnachd agus neach-labhairt Gàidhlig na h-Alba taobh a-staigh chrìochan ar raon-obrach.

A rèir thoraidhean a' chunntais-shluaigh an 2001, bha 92,400 duine (1.9% de shluaigh na h-Alba) a thuigeadh a' Ghàidhlig, le 58,652 a bha comasach ga bruidhinn (1.2%). Den luchd-labhairt, bha còrr agus an darna-leth dhiubh a' fantainn taobh a-staigh sgìrean Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus Comhairle nan Eilean Siar, leis an fheadhainn eile a' gabhail còmhnaidh sa chòrr de dh'Alba. Bu chòir a bhith mothachail gu bheil sluaigh mòr de Ghàidheil am bailtean mòra na h-Alba, am mòr-sgìre Ghlaschu (far a lorgas 19% de luchd-labhairt Gàidhlig), Inbhir Nis, Obar Dheathain agus Dùn Èideann. Sheall toraidhean a' chunntais-shluaigh an 2001 gun tàinig crìonadh air àireamh an luchd-labhairt eadar 1991 is 2001 ach gun tàinig àrdachadh air an àireamh aig an robh comas Gàidhlig a sgrìobhadh no leughadh.

Air feadh Alba, tha barrachd is barrachd mothachaidh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME). Ann an 2008, bha 2,164 sgoilearan bun-sgoil a bha a' dol tro Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, bha 968 a' dèanamh Gàidhlig do dh'fhileantaich aig ìre na h-àrd-sgoile agus 2,733 sgoilearan a bha a' dèanamh Gàidhlig do luchd-tòiseachaidh san àrd-sgoil. Tha Gàidhlig ri faighinn aig 11% de sgoiltean an Alba.

Le togalaichean an Leabharlainn Nàiseanta an Dùn Èideann, thathas a' measadh meud an t-sluaigh le Gàidhlig a dh'fhaodadh seirbheisean NLS a chleachdadh 'in-person' aig mu 7,500 (taobh a-staigh sgìre 'siubhail-a-dh'obair' Dhùn Èideann) nuair a ghabhas a-steach a h-uile duine aig a bheil tuigse air bith sa Ghàidhlig còmhla, a rèir cunntas-sluaigh 2001. Den 7,500 seo, tha mu 4,000 dhiubh seo a tha còrr is trì bliadhna a dh'aois aig a bheil comas a' Ghàidhlig a leughadh, a sgrìobhadh agus/no a bhruidhinn. Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ga thoirt seachad aig Bun-sgoil Crois na Cìse, le 156 sgoilearan. Tha an dràsta 30 sgoilear a tha a' dèanamh na Gàidhlig do dh'fhileantaich aig ìre na h-àrd-sgoile, le dùil gun tèid seo am meud thar nam beagan bhliadhnaichean ri teachd. Tha cùrsaichean de gach ìre gan tabhainn leis a' Chomhairle, le Colaiste Telford agus le Oilthigh Dhùn Èideann, bho ionnsachadh air astar gu foghlam iar-cheumnach.

Fianais air iarrtas airson sheirbheisean Gàidhlig

Rè deasachadh a' Phlana seo, rinneadh sgrùdadh am measg luchd-obrach na buidhne sa Ghearran 2011, an dà chuid gus cinnt a bhith againn mu chomasan Gàidhlig luchd-obrach, agus gus fiosrachadh a thrusadh a thaobh an iarrtais an NLS airson sheirbheisean Gàidhlig. Fhuair sinn fios air ais bho 169 den 320 luchd-obrach againn (53% dhiubh).

Thuir seachdnar luchd-obrach gun robh daoine air còmhraidhean a thòiseachadh leotha sa Ghàidhlig. Chan eil e coltach gur e rud bitheanta a tha seo. Tha na h-iarrtasan Gàidhlig bho luchd-tadhail air a bhith gu mòr a thaobh stuth sa Ghàidhlig no stuth a bhuineas dhi sna cruinneachaidhean againn agus a thaobh eadar-mhineachadh an stutha seo.

A thaobh sgilean Gàidhlig am measg oibrichean, sheall an sgrùdadh againn na leanas:

- Chuir 169, a-mach à 300 luchd-obrach gu lèir, na beachdan aca a-steach
- Den 169 a chuir beachd a-steach bha 11% (18 luchd-obrach) a thuir gun robh comas air choireigin aca a thaobh tuigse, bruidhinn, leughadh no sgrìobhadh na Gàidhlig. Thuir 14 dhiubh seo, ge-tà, gur beag an comas aca
- Thuir 151 (89%) nach b' urrainn dhaibh Gàidhlig a thuigse, a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh
- Thuir aon neach gun robh e fileanta sa Ghàidhlig, is gun robh a' Ghàidhlig riatanach airson gach eileamaid den obair làitheil aige/aice – catalogadh, a' freagairt cheistean, a' cuideachadh luchd-obrach gun Ghàidhlig, agus a' dèanamh agallamhan leis na meadhanan air obair an Leabharlainn agus air na cruinneachaidhean. Am measg nan dreuchdan eile far am feumar co-dhiù beagan Gàidhlig a bhith aig an neach-obrach tha Manaidsear Clàir-leabhraichean na Gàidhlig; glèidheadairean Chruinneachaidhean Nua-Albannach, Ceannach agus Catalogadh, agus Tasglann Sgrion Alba

- Fhreagair naoinear gum bu toil leotha ionnsachadh Gàidhlig air choireigin fhaighinn tron obair aca.

Den fheadhainn a fhreagair co-dhiù gun tuigeadh iad beagan Gàidhlig, bha mu dhà a-mach à trì dhiubh seo ag obair sa Roinn Cruinneachaidh is Rannsachaidh (tha mun tritheamh cuid den luchd-obrach againn ag obair sa roinn seo). Tha nas lugha de luchd-obrach le Gàidhlig ag obair an Roinn Seirbheisean Chustamairean is tha aon neach-obrach le beagan Gàidhlig an urra aig na roinnean Seirbheisean Corporra is Leasachadh is Dàimhean Cèin. Tha toraidhean an sgrùdaidh co-chòrdail leis a' mhodh-obrach againn a tha a' cur cuideam air na prìomh gnìomhan de chruinneachadh, eadar-mhìneachadh agus tarraing aire gu stuth Gàidhlig; nìthear mìneachadh air mar a nì sinn seo sna roinnean a leanas. Cumaidh sinn oirnn a' rannsachadh dàta mar seo thar an ama ri teachd.

Tha Leas-phàipear 1 ann le liosta de na buidhnean Gàidhlig taobh a-staigh raon-obrach NLS.

Structar a' Phlana seo

Tha àireamhan (1, 2, msaa) mu choinneamh nan diofar gnìomhan, agus tha iad seo ri lorg tron Phlana fhèin agus gheibhear liosta dhiubh aig an deireadh sa Phlana Ghnìomha (Earrann 7).

2. Cruinneachaidhean

Tha sinn a' saolsinn gur ann ann an NLS a lorgas an cruinneachadh de stuth Gàidhlig na h-Alba as motha is as luachmhoire san t-saoghal; le stuth clò-bhuailte, làmh-sgrìobhainnean, stuth claisneachd/lèirsinneach agus stuth didseatach. Is ann againne a tha ochd de na foillseachaidhean teirce Gàidhlig a chaidh a chlò-bhualadh ro 1700 (cuid dhiubh gun lethbhreac eile ann), nam measg tha an t-aon lethbhreac den darna leabhar a chaidh fhoillseachadh sa Ghàidhlig – 'Adtimchiol an chreidimh comhaghalluidhedar an maighiser, agas an leanamh' (tionndadh air 'Catéchisme de l'Eglise de Genève', John Calvin, 1631).

Bho 1710, bha Leabharlann an Luchd-tagraidh (a bha ann ron NLS) na leabharlann Tasgadh Laghail. Bha seo a' ciallachadh gun robh e a' faighinn lethbhreac de gach leabhar, iris no rud clò-bhuailte eile air fhoillseachadh am Breatainn no an Èirinn, agus b' e seo am bun-stèidh airson poileasaidh-cruinneachaidh NLS bho sin a-mach; agus tha sinn a' faighinn còrr agus 200,000 foillseachaidhean ùra gach bliadhna san dòigh seo fhathast.

Tha na cunntasan againn a' sealltainn gu bheil sinn a' trusadh mu 210 nithean Gàidhlig gach bliadhna, nam measg tha leabhraichean, pàipearan-naidheachd agus irisean. Tha mòran dhiubh seo gam faighinn tro Thasgadh Laghail; leis is gu bheil sinn a' dol a-mach a lorg agus a dh'fhaighinn nithean de an leithid. Tha nithean eile air an toirt seachad dhuinne mar tiodhlacan air neo air an ceannach leinn, far nach fhaigh sinn tro Thasgadh Laghail iad (leithid stuth air fhoillseachadh thall thairis – an Ameireagaidh mar as trice). Tha sinn cuideachd a' tionail mòran a bharrachd fhoillseachaidhean, an cuid as motha dhiubh seo air fhoillseachadh am Beurla ach cuid aca le Gàidhlig annta; leithid pàipearan-naidheachd sa bheil artaigealan no colbhan Gàidhlig. Mu dheireadh, bu chòir a bhith mothachail gu bheil sinn cuideachd a' cur gu mòr ri cruinneachaidhean mòra de làmh-sgrìobhainnean agus stuth bho na meadhanan craolaidh nach eil air an gabhail a-steach sna figearan seo. Tron iomadh seòrsa gnìomha sa bheil sinn an sàs, tha cruinneachaidhean NLS a-nise nam prìomh thùsan airson obair-rannsachaidh agus sgoilearachd san t-saoghal. Tha sinn a' cur romhainn gun cum sinn oirnn aig an aon ìre a thaobh cruinneachadh stuth Ghàidhlig - air neo gun tèid seo am meud - le a bhith ag obair an compàirt leis an Agency for the Legal Deposit Libraries (ALDL), agus le buidhnean agus foillsichearan Gàidhlig fhèin; ag amas air gach nì Gàidhlig a tha a' dol an clò an Alba a bhith againn (Gnìomh 1).

Tha dàimhean leantainneach aig glèidheadairean nan cruinneachaidhean ri mòran foillsichearan Gàidhlig, buidhnean agus daoine fa leth airson bruidhinn air gnothaichean a thaobh tasgadh laghail agus togail inbhe, agus tha fios ga chur thuca gu cunbhalach; turas sa bhliadhna mar as trice. Is iad na glèidheadairean mar as trice a tha a' dèiligeadh riutha ach tha cuideachd an ALDL a' dèiligeadh le foillsichearan coimeirsealta. Mar eisimpleir, tha glèidheadairean bho chionn ghoirid air fios a chuir chun na leanas:

- Foillsichearan coimeirsealta, m.e. Acair, Stòrlann, Urras Leabhraichean nan Eilean, Clàr;
- Buidhnean nàiseanta cultarail, m.e. Comunn na Gàidhlig; Fèisean nan Gàidheal;
- Ùghdarrasan ionadail, m.e. Comhairle nan Eilean Siar
- Buidhnean foghlaim, m.e. Sabhal Mòr Ostaig; UHI, Clì Gàidhlig;
- Sloinntearachd, m.e. foillseachaidhean Uilleim Lawson;

- Comainn eachdraidh, m.e. Comann Eachdraidh Cheann a Tuath nan Loch, Comann Eachdraidh Thiriodh;
- Gach buidheann ionadail aig a bheil fios againn mu dheidhinn, m.e. Comann Coimhearsnachd Ghriomasaigh, Urras Cheann a Tuath na Hearadh;
- Gach fèis ionadail, gailearaidh, fèis ciùil, msaa. far e bheil fios againn mun deidhinn, m.e. Ceòlas Uibhist, Luchd-ciùil Òg nan Eilean Siar; agus gu leòr eile.

Tha Achd nan Leabharlann Tasgaidh Laghail 2003 a' sìneadh a' cheada seo bho stuth clò-bhuailte a-mhàin gu foillseachaidhean didseatach leithid làraichean-lìn agus irisean eileagtronaigeach. Tha sinn ag obair an co-bhoinn ri Leabharlann Nàiseanta na Cuimrigh is le Leabharlann Bhreatainn gus an tig seo gu buil agus nì sinn oidhirp gus an lorg sinn stuth Gàidhlig nar prògram tasgaidh fhoillseachaidhean air-loidhne.

Tha na catalogan againn a' sealltainn gu bheil mu 4,600 rudan clò-bhuailte ann (no mu dheidhinn) Gàidhlig na h-Alba air an tasgadh aig NLS. A bharrachd air na nithean clò-bhuailte Gàidhlig luachmhor, sònraichte is tearc sa Leabharlann, tha an NLS le ceudan da làmh-sgrìobhainnean, bho sheann fhoillseachaidhean eachdraidheil a leithid Leabhar Deathan Lios Mòir agus foillseachaidhean meidigeach bhon na meadhan aoisean, gu tasglannan ùra de bhuidhnean a leithid Comann Litreachas Gàidhlig na h-Alba. Ann an cuid de na làmh-sgrìobhainnean seo tha dealbhan peanta dhathan-uisge agus stuth dealbhach eile le ùghdaran is luchd beul-aithris Gàidhlig a fhreagradh air barrachd inbhe gan toirt dhaibh an com-pàirteachas le buidhnean cultarail eile a leithid Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba, buidhnean aig a bheil na h-aon amasan sa tha againn fhin.

Lorgas an Cruinneachaidhean Ciùil NLS diofar seòrsa ciùil Ghàidhlig: òrain Ghàidhlig, ceòl Gàidhealach air an fhidheall is air a' phìob, cho math ri goireasan foghlaim; le foillseachaidhean a leithid an 'Albyn's Anthology' aig Alasdair Caimbeul no 'Airs and Graces' aig Sìm Friseal, gu foillseachaidhean nas ùire mar 'A' Chòisir-chiùil: co-chruinneachadh Còisir Ghàidhlig Chalum Chille Ghlaschu' agus 'Aon, dhà, trì: òrain is rannan cloinne, sean is ùr'. Am measg nan clàraidhean ciùil Gàidhlig againn tha seann shiolandairean-cèire, clàraidhean shellac agus clàran vinyl agus CDan.

Tha cuideachd againn fear de na cruinneachaidhean as cudromaiche de litreachas à Alba Nuadh taobh a-muigh Chanada, agus tha sinn ag obair gu dòigheil a chum fios - agus cruinneachadh slàn a bhith againn – a thaobh a h-uile càil a tha a' tighinn a-mach a tha sgrìobhte sa Ghàidhlig air feadh an t-saoghail; stuth coimeirsealta, bho bhuidhnean, stuth neo-fhoirmeil agus an cruth eileagtronaigeach.

Tha dàimhean gu math làidir againn le Comhairle nan Leabhraichean agus leis an diaspora Albannach san fharsaingeachd agus gu h-àraidh le foillsichearan stuth Ghàidhlig stèidhichte thall thairis.

Tha luchd-obrach aig NLS aig a bheil eòlas sònraichte a thaobh litreachadh Gàidhlig agus a thaobh ghnòthaichean cànanach teicnigeach; leithid a' cur ainmean-àite ann an riochd cunbhalach. Tha sinn a' meas an eòlais seo, a tha stèidhichte air na dàimhean againn le Sgoil Eòlais na h-Alba aig Oilthigh Dhùn Èideann agus buidhnean foghlaim eile, mar rud a tha a' cur ri leasachadh Corpas Cànan; pàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig.

Gabhaidh NLS suim de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig (GOC), gabhaibh sinn ri comhairle bho Ainmean-Àite na h-Alba, agus obraichidh sinn an co-bhonn ris an Acadamaidh Ghàidhlig aon uair is gu bheil i ann.

Bho 1993 agus an co-bhonn ri MG Alba, tha Tasglann Sgrion Alba (SSA) air a bhith a' glèidheadh prògraman telebhisein Gàidhlig a bha air maoineachadh gu ìre air choireigin le MG Alba. Aig an àm seo tha mu 5,000 prògram air teip-bhideo; a' ruith gu còrr is 2,500 uair a thìde. Tha cuideachd ann an tasglann an SSA cuid de na prògraman telebhisein a chaidh a-mach le companaidhean telebhisein neo-eisimeileach sna seachdadan is ochdadan, cho math ris a' chiad film a riamh san robh Gàidhlig ri cluinntinn; am film 'Eriskay: A Poem of Remote Lives' a rinneadh le Werner Kissling an 1935.

A bharrachd air seo, tha Achd nan Còraichean 1988 a' toirt cead do NLS prògraman telebhisein far an adhair a chlàradh, agus thathas air gach rud Gàidhlig air craoladh bhon Fhaoilleach 1994 a chlàradh. Tha stòr-dàta ann le cunntasan goirid air gach rud Gàidhlig a th' air a dhol a-mach bhon Fhaoilleach 1989, agus thathas a' cur ri seo gach seachdain.

Cuideachd, agus an dèidh dhuinne beachdan fhaighinn air seo tron cho-chomhairle phoblaich air an dreach Phlana Ghàidhlig, tha sinn ag amas air àite nas treasa a bhith aig a' Ghàidhlig sna cruinneachaidhean claisneachd againn bho seo a-mach. Tha NLS ag amas air Tasglann Fuaime na h-Alba a chur air dòigh gus cur ris na cruinneachaidhean a th' againn mar-thà; le mothachadh gum faod e a bhith na ghoireas air leth luachmhor ann a bhith a' glèidheadh agus a' togail na h-inbhe aig farsaingeachd mhòr de stuth Gàidhlig (Gnìomh 3).

3. Foghlam, Ionnsachadh agus Ruigsinneachd

Tha sinn a' saòilsinn gur ann tro bhith a' toirt cothrom do dhaoine na cruinneachaidhean againn a chleachdadh airson ionnsachadh an dòigh as èifeachdaiche air cur ri ionnsachadh agus foghlam. Is e an obair as cudromaiche sa bheil sinn an sàs ach ar n-obair air rudan a chur an cruth didseatach – le prìomhachas mòr ga chur air nithean Gàidhlig.

Le stuth tearc is àraidh ga chur ann an cruth didseatach tha barrachd cothruim aig daoine air feadh an t-saoghal air am faicinn is an cleachdadh. Tha cuideachd buannachdan an lùib seo a thaobh glèidheadh – cha ghabh cruinneachaidhean pàipeir a leughadh gun chron ga dhèanamh rè ùine. An dèidh beagan 'ulaidhean' a chur an cruth didseatach thar bhliadhnachan mòra, chaidh an NLS an sàs an iomairt mhòr an 2007-09, le 3,000 nithean à cruinneachaidhean de leabhraichean teirce sònraichte (cruinneachaidhean Ossian, I F Chaimbeil, Ùisdein Mhoireasdain, MhicMhathain agus Bhlàir) air an sgrìobhadh gu ìre mhòr sa Ghàidhlig air neo air cuspairean Gàidhlig. Tha an NLS air na còig cruinneachaidhean seo gu lèir a chuir an cruth didseatach; iomairt de 430,000 duilleag a chosg còrr is £100,000.

Gheibh duine sam bith chun nan cruinneachaidhean seo tro Thasglann Didseatach NLS aig <http://digital.nls.uk>. Thathas air aire dhaoine a tharraing chun nan cruinneachaidhean seo an dèidh gan cur an-àird air Tasglann an Eadar-lìn (www.archive.org), leis an dàta againn a' sealltainn gu bheil suas ri 20,000 a' tadhal air na tiotalan Gàidhlig gach mìos.

Togaidh sinn air an obair bhrìoghmhoir seo le a bhith a' dèanamh an stutha Ghàidhlig nas fhasa a lorg agus nas fhaicsinnich, agus sinn a' cur cumadh didseatach air a' chòrr den stuth Ghàidhlig a tha an Stòr-dàta nan Nithean Didseatach agus nach eil fo bhuaidh chòraichean foillseachaidh ro dheireadh 2015 (Gnìomh 4).

Thar nam beagan bhliadhnachan a dh'aom, tha sinn air adhartas mòr a dhèanamh a thaobh ar n-obair foghlaim, agus sinn a' dol a-mach agus a' cumail thachartasan, bhùithtean-obrach, thaisbeanaidhean agus a' leasachadh ghoireasan ionnsachaidh; a rèir ar n-àrd-amasan ro-innleachdail gus an NLS a dhèanamh na bhuidheann a tha a' coimhead a-mach agus fosgailte do na h-uile. Tha pàirt den obair seo air a bhith a thaobh na Gàidhlig bho thùs, le eisimpleirean a leithid an tachartas a chuir am prògram StAnza air chois, le bàrdachd Gàidhlig agus ceòl Gàidhealach. Tha an luchd-obrach ionnsachadh agus Conaltradh Poblach an-dràsta an sàs sa phròiseact Great Escapes, cuairt dhà-chànanach air Muile a chruthachadh an co-bhoinn ri sgoilearan Bun-sgoil an t-Sàilein, agus ga chur ann an cruth ùr.

Tha sinn air ar prìomhachas atharrachadh bho chionn ghoirid gu seirbheisean ionnsachaidh agus foghlaim air-loidhne a chruthachadh do thidsearan agus eile, seach obair phearsanta; le comas againn ruigsinn air mòran a bharrachd dhaoine leis an dòigh-obrach seo. Tha co-obrachadh leis an t-siostam foghlaim (foghlam foirmeil) a-nise ga dhèanamh an co-bhoinn ri buidhnean a leithid Foghlam Alba (ES) agus le sgoiltean fa leth agus sinn a' cruthachadh phasganan teagaisg, agus le a bhith a' togail dhealbhan didseatach agus stuth eadar-mhìneachaidh às na cruinneachaidhean. Tha sinn a' cruthachadh phasganan ionnsachaidh a tha a' cur taic ri curraicealam nan sgoilean, agus tha sinn an ceartair a' cur an stutha ionnsachaidh an cruth a fhreagras air Ionad-ionnsachaidh NLS; goireas air-loidhne air a chruthachadh a rèir feumalachdan sònraichte a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais.

Tha Tasglann Sgrion Alba a' conaltradh le ES (tè de na prìomh bhuidhnean an Raon Gnìomha 5: Foghlam Aois 5-18 de Ghinealach Ùr na Gàidhlig) mu chruthachadh ghoireasan ùra airson Scotland on Screen a' cur taic ri teagasg Gàidhlig. Tha an iomairt seo a' toirt cothrom do dhiofar seòrsa ionadan foghlaim filmichean san tasglann fhaicinn. Tha e air a bhith na phrìomhachas mòr dhuinne gum biodh e comasach do dhaoine stuth den t-seòrsa seo fhaicinn an-asgaidh, ach le ìre nas àirde de dh'inntrigeadh le dìon facail-faire (rud a dh'fheumar airson còraichean a ghlèidheadh) tha e comasach stuth a chleachdadh mar ghoireasan foghlaim ach am bi cothrom aig luchd-ionnsachaidh pìosan a chruthachadh tro cheangal le lìonra GLOW aig Foghlam Alba. Bidh seo gu math cudromach nar n-obair le Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus ionnsachadh inbheach. Tha sinn cuideachd air mòran stutha lèirsinneach-claisneachd a chur ann an tasglann Scotland on Screen a fhreagradh air an t-seòrsa chleachdadh a dh'ainmeachadh roimhe. Cruthaichidh sinn goireasan foghlaim Gàidhlig le Scotland on Screen airson cleachdadh mar ghoireasan teagaisg tro lìonra GLOW (Gnìomh 5).

Tha sinn ag obair an co-bhoinn ri Tobar an Dualchais is le buidhnean sgoilearach eile leithid Ceiltis agus Eòlas na h-Alba (Oilthigh Dhùn Èideann) a chum cruthachadh Tasglann Fuaimne na h-Alba, tasglann didseatach de chlàraidhean fuaimne.

Nì sinn rannsachadh a chum goireas ionnsachaidh mòr ùr air dualchas/eachdraidh – le ceangal làidir don Ghàidhlig – gus taic a chur ris a' Churraicealam airson Sàr-mhathais tron Ionad-ionnsachaidh, le dreach Bheurla agus Ghàidhlig. Is e ar n-amas gum bi seo againn airson 2014, agus nithear oidhirp gus an tèid a chleachdadh an Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (Gnìomh 6).

A thaobh libhrigeadh Ginealach Ùr na Gàidhlig, Foghlam Inbheach agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, nì NLS neartachadh air na dàimhean leis na prìomh bhuidhnean aig a bheil buntanas do ghnìomhan fa leth anns a' Phlana gus aire a tharraing gu cruinneachaidhean Gàidhlig agus gus goireasan a bhith againn a thaobh nam prògraman foghlaim. Tha beartas mòr de stuth air a thasgadh againn fo chùram proifeiseanta air cuspairean a fhreagras air rannsachadh agus sgrùdadh, nam measg tha stuth sna taisbeanaidhean 'Original Export' agus 'Scots Music Abroad' a dh'fhaodar leasachadh gu bhith nan goireasan ionnsachaidh air-loidhne. Nì sinn oidhirp gus cothroman a lorg airson co-obrachadh le buidhnean a tha a' cruthachadh ghoireasan do dh'ionnsachadh Inbheach agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig gus stuth a chur gu buidhnean com-pàirt a leithid Am Baile (Gnìomh 7).

Tha e cudromach aig leabharlann sam bith gu bheil goireasan sgrùdaidh is lorgaidh èifeachdach aca, is tha seo nas cudromaiche buileach aig leabharlann mòr rannsachaidh mar an NLS. Tha an NLS a' cumail suas Clàr-leabhraichean Gàidhlig na h-Alba (BOSG), pàirt de Chlàr-leabhraichean Alba Air-loidhne (SBO); an clàr-leabhraichean nàiseanta. Tha BOSG le liosta de gach nì Gàidhlig aig NLS. Tha e a' dèanamh sgrùdadh nan cruinneachaidhean seo nas fhasa; le liosta de na leabhraichean an diofar chruthan, tiotalan irisean is artaigealan ùra sa Ghàidhlig. Tha BOSG ga ùrachadh h-uile turas a gheibh NLS stuth ùr. Tha cothroman ann leasachadh a bharrachd a thoirt air BOSG agus ga leudachadh gus ceòl is film a ghabhail a-steach, no le a bhith a' coimhead air ais tron t-seann stuth agus ga chur ann, cho math ri barrachd stuth didseatach. Tha cothroman mòra an lùib tarraing aire bhuidhnean com-pàirt gu BOSG (Gnìomh 8). Tha sinn air tòiseachadh air obair a chum catalog der prìomh leabharlainn (sa bheil mu chòig millean nithean) a dhèanamh dà-chànanach; le comas ann ga sgrùdadh an Ghàidhlig is Beurla. Tha sinn a' saòilsinn gur e a' chiad chatalog dà-chànanach Beurla-Gàidhlig aig leabharlann mòr rannsachaidh an Alba a bhios ann, rud a bhios na teachdaireachd làidir a thaobh co-ionannachd don Ghàidhlig (Gnìomh 9), a' togail a h-ìomhaigh air làraich-lìn NLS.

Tha sinn cuideachd a' fosgladh a-mach dhan mhòr-shluagh measgachadh de dh'eadar-mhìneachadh air cruinneachaidhean Gàidhlig, leithid làrach-lìn de sgoilearachd air tasgaidhean a' chruinneachaidh, 'An Làmh-sgrìobhainn 1467', cruinneachadh cudromach air sloinntearachd chinnidhean (aig <http://www.1467manuscript.co.uk/>). Tha sinn a' cruthachadh na tha nar comas de stuth eadar-mhìneachaidh sa Ghàidhlig (<http://www.nls.uk/collections/rare-books/collections/gaidhlig>). Tha dùil againn barrachd eadar-mhìneachaidh Gàidhlig a chruthachadh.

Tha NLS bho chionn ghoirid air leudachadh a dhèanamh air na tha ga thoirt seachad air iasad do thaisbeanaidhean no airson sgrùdadh agus sinn cuideachd a' toirt leabhraichean air iasad eadar-leabharlainn an Alba. Far a bheil e iomchaidh, togaidh sinn dàimhean le coimhearsnachdan; le leabhraichean Gàidhlig gan toirt seachad air iasad, 's dòcha, do bhuidhnean cultarail gu h-àraidh far a bheil leabhraichean teirce no

àraidh againn aig a bheil buntanas sònraichte don àite san deach an sgrìobhadh (Gnìomh 10).

4. Gnothaichean corporra

Mar a thugadh iomradh air ann am facal-toisich a' Phlana, tha an NLS gu mòr a' cur taic ri àrd-amas a' Phlana Nàiseanta gun glèidhear suidheachadh seasmhach dhan Ghàidhlig thar an ama ri teachd. Is e an obair as motha aig NLS a chum seo ach a bhith a' tional, glèidheadh agus a' fosgladh don mhòr-shluagh ar sgrìobhainnean Gàidhlig.

Eadar-mhìneachadh, soidhnichean agus ìomhaigh

Tha am Bòrd air iarraidh air NLS modh-obrach a chur thuca air na bhios ann de Ghàidhlig an eadar-mhìneachadh, foillseachaidhean, agus soidhnichean, aig ionad-tadhail, taisbeanaidhean agus air-loidhne, air a cur an-àird às ùr no rè ùrachadh. Bidh modh-obrach NLS a rèir nan slatan-tomhais a leanas:

- Far a bheileas a' coimhead ri tachartasan ùra nithear measadh air far a bheil cothroman ann air a' Ghàidhlig a chleachdadh
- Far a bheil na dhà chànan gan cleachdadh, bidh co-ionannachd spèis ann san àbhaist don Ghàidhlig agus don Bheurla
- Brosnachaidh sinn luchd-obrach gus a' Ghàidhlig a chleachdadh agus iad a' dèiligeadh ris a' mhòr-shluagh far a bheil e comasach seo a dhèanamh. Nithear measadh air seo a rèir bhuidseatan àbhaisteach ach thèid coimhead cuideachd ri cothroman air taic bho mhaoinean air leth airson tachartasan Gàidhlig, agus thèid seo a stèidheachadh ann am planaichean ionmhais roinnean NLS
- A bharrachd air cuspairean a tha co-cheangailte gu mòr ris a' Ghàidhlig (m.e. ann am prògraman agus taisbeanaidhean) nì NLS oidhirp gus a' Ghàidhlig a ghnàthachadh
- Inbhe/ìomhaigh: Bu chòir don Ghàidhlig a bhith ga cleachdadh aig tachartasan, an libhrigeadh sheirbheisean agus air stuth aig a bheil inbhe/ìomhaigh àrd
- Obraichidh NLS a chum cunbhalachd a thaobh cleachdadh na Gàidhlig an libhrigeadh dhleastanasan agus ghnìomhan-obrach NLS agus a chum cleachdadh na Gàidhlig far a bheil seo reusanta agus prataigeach.

Thèid na gealltanasan a thaobh shoidhnichean a chur an gnìomh sa bhad; le prìomhachas ga chur air feadhainn le ìomhaigh agus/no inbhe àrd. Chan eil ach glè bheag de Ghàidhlig ri fhaicinn aig an àm seo air soidhnichean no an sgrìobhainnean corporra NLS. A bharrachd air na soidhnichean 'welcome' nar prìomh thogalach air Drochaid Sheòrais IV tha soidhnichean 'fàilte' ann, le Gàidhlig cuideachd ri faicinn aig an 'fhuaran leabhraichean' air an t-slighe a-steach chun nan taisbeanaidhean san togalach seo (Gnìomh 18). A thaobh shoidhnichean air taisbeanaidhean, tarraingidh sinn aire chun nan ceanglaichean eadar seann sgrìobhainnean Gàidhlig agus Gàidhlig an là an-diugh, gus nach tèid coimhead air a' Ghàidhlig mar rud a bhuineas do na seann aimsirean a-mhàin (Gnìomh 17).

Le seo ga chur an gnìomh, chìtear barrachd eadar-mhìneachadh Gàidhlig. Cuideachd, bheir sinn a-steach mìneachadh dà-chànanach mu leabhraichean Gàidhlig air an taisbeanadh, agus mu choinneamh stuth Gàidhlig air-loidhne mar rud àbhaisteach.

Tha sinn cuideachd mothachail gu bheil am Bòrd air iarraidh oirnn suaicheantas dà-chànanach a bhith againn agus, a' gabhail ris a' mholadh seo, thathas air suaicheantas ùr a dhealbhadh; le Bòrd nan Urrasairean NLS air aonta a chuir ris. Thèid an suaicheantas dà-chànanach a chleachdadh bhon seo a-mach far a bheil ùrachadh ga dhèanamh (Gnìomh A18). Tha an suaicheantas a' toirt co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla, agus thèid a chleachdadh air stuth le suaicheantas NLS; leithid bileagan, foillseachaidhean, ceann-litrichean, foirmichean, air carbadan, làraichean-lìn agus mar sin air adhart. Nochdaidh 'Leabharlann Nàiseanta na h-Alba' cho math ri 'National Library of Scotland' air na puist-d againn, le cuideachd tionndadh Gàidhlig den earr-sgrìobhadh chorporra aig bonn phost-d, le co-ionannachd spèis.

Tha beagan duilleagan Gàidhlig air làrach-lìn NLS mar-thà, duilleagan a bhuineas do chruinneachaidhean sònraichte Gàidhlig. Cuiridh sinn ris an àireamh de dhuilleagan le Gàidhlig orra, le stiùir bho ar glèidheadair ùr Gàidhlig ag obair còmhla ri eòlaichean am measg luchd-obrach NLS, le targaidean gan cruthachadh mar a bhios iomchaidh. Thèid cosgaisean obrachadh a-mach airson tionndadh Gàidhlig a chur air na prìomh dhuilleagan a tha a' stiùireadh luchd-cleachdaidh tron làrach-lìn, cho math ri goireasan-rannsachaidh a' chataloig gan dèanamh dà-chànanach ro dheireadh 2013, mar a dh'ainmeachadh roimhe.

Cuiridh sinn fiosan-naidheachd a-mach sa Ghàidhlig a rèir poileasaidh mheadhanan NLS, a' gabhail suim de na slatan-tomhais gu h-àrd. Tha neach-obrach againn airson bruidhinn ris na meadhanan Gàidhlig (Ailean MacAoidh, glèidheadair aig Tasglann Sgrìon Alba). Far a bheil dearbhadh soilleir gu bheil iarrtas ann, thèid eadar-theangachadh mar-aon a thoirt seachad aig coinneamhan agus aig tachartasan aig a bheil iomhaigh àrd.

Nì sinn cinnteach gum bi foirmichean gearain, agus stiùireadh sam bith air an son, ri fhaighinn sa Ghàidhlig le seirbheisean eadar-theangachaidh gam fastadh airson dèiligeadh ri foirmichean air an lìonadh sa Ghàidhlig.

Tha oifigearan leasachaidh NLS a' coimhead ri slatan-tomhais airson diofar mhaoinean feuch am faighear taic-airgid bhuapa mu choinneamh na h-obrach a tha romhainn. Cha bhi na gealltanasan gu h-àrd an eisimeil maoinachadh bhon taobh a-muigh agus thèid an stèidheachadh mar phàirt bunaiteach de phlanaichean ionmhais nan diofar roinnean.

Nochd beachdan san sgrùdadh a chumadh air sgilean Gàidhlig luchd-obrach gun robh ùidh aig cuid ann an ionnsachadh a' chànan agus bhon uair sin tha triùir luchd-obrach air tòiseachadh air ionnsachadh air astar, pàighte le NLS.

Com-pàirteachasan

Rè sgrìobhadh a' Phlana seo, tha NLS air bruidhinn ri Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba (NGS) is Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba (NMS), agus leanaidh na conaltradhean seo a chum èifeachdas poileasaidh agus gnìomha a thaobh na Gàidhlig (Gnìomh 12). 'S dòcha gum bi cothrom ann goireas a chruthachadh a ghabhas cleachdadh leis na buidhnean uile, goireasan eadar-mhìneachaidh no eadar-theangachaidh, is cothroman air a' Ghàidhlig ionnsachadh le luchd-obrach nan diofar

bhuidhnean. Cumaidh sinn oirnn le cruthachadh cheanglaichean le foillsichearan Gàidhlig, MG Alba is le Comhairle nan Leabhraichean a chum coileantachd nar cruinneachaidhean. Thèid dàimhean le com-pàirtean Gàidhlig a neartachadh mar phàirt de ar ro-innleachd dhàimhean taobh a-muigh (Gnìomh 20). Mar bhuidheann nàiseanta, tha sinn ag amas air obrachadh le buidhnean Gàidhlig air feadh Alba. Thèid conaltradh a chumail le lionraidhean is le tachartasan Gàidhlig.

Ged nach eil e idir comasach dhuinne deasachadh a dhèanamh air a shon ro-làimh, nì NLS oidhirp cothroman a lorg air obrachadh an com-pàirteachasan ad hoc far a bheil seo a rèir amasan ro-innleachdail NLS agus a' lìbhrigeadh bhuannachdan do choimhearsnachdan Gàidhlig is luchd-cleachdaidh nan seirbheisean agus far a bheil e èifeachdach a rèir nan cosgaisean nan lùib. 'S dòcha gum bi cothroman ann a dhol an sàs an com-pàirt le leabharlannan ionadail no le buidhnean nàiseanta eile. Mar a tha sinn a' mineachadh an Gnìomh 10 gu h-ìosal, tha sinn a' lorg chothroman air cuid de na nithean againn a leigeil a-mach air iasad ach am faigh daoine nach eil ann am meadhan na h-Alba cothrom nas fheàrr air am faicinn.

Tha NLS air bruidhinn ris na buidhnean a leanas chum coileanadh ar n-amasan Gàidhlig:

- Oilthigh St Francis Xavier, Alba Nuadh
- Roinnean Ceilteach is Eòlais na h-Alba: Oilthighean Ghlaschu agus Dhùn Èideann
- Leabharlann Shabhal Mòr Ostaig agus a' cholaiste fhèin
- Leabharlann Nàiseanta Chanada
- MG Alba
- UHI
- Iomairt Chaluim Chille
- An Comunn Gàidhealach
- Ughdarrasan Foghlaim
- Leabharlann Bàrdachd na h-Alba
- Institiùid Ard-Léinn Bhaile Átha Cliath, gu h-àraidh an stòr-dàta 'Meamram Páipéar Ríomhaire' (Irish Script on Screen) de lámh-sgrìobhainnean Gaeilge/Gàidhlig.
- Pròiseact MhicGilleMhìcheil MhicBhatair (Oilthigh Dhùn Èideann)
- Pròiseact nan Ealan
- Tobar an Dualchais

Tha sinn cuideachd air a bhith ag obair fad iomadh bliadhna an co-bhoinn ri Institiùid Ard-Léinn Bhaile Átha Cliath. Tha làrach-lìn aca air a bheil 'Meamram Páipéar Ríomhaire' (ISOS, aig <http://www.isos.dias.ie>) a tha a' toirt cothrom lámh-sgrìobhainnean Gàidhlig fhaicinn an cruth didseatach, agus tha mòran luchd-rannsachaidh ga chur gu feum. Tha NLS air còrr agus 50 leabhar de lámh-sgrìobhainnean Gàidhlig a thoirt seachad dhaibh, le barrachd ri thighinn. Tha cuideachd dùil againn dealbhan den phròiseact a chur an-àird air làraich-lìn NLS.

Tha sinn a' rannsachadh Colloquia airson 2014. Thathas an dòchas gun tèid coimhead an toiseachd ris an lámh-sgrìobhainn Ghleann Masain, air a bheileas an-dràsta a' dèanamh obair-glèidhidh. Tha mòran deasbaid agus obair com-pàirt a' gabhail àite le buidhnean eile, le planaichean san amharc na lámh-sgrìobhainnean a dhèanamh nas

fhosgailte don mhòr-shluagh, agus gus sealltainn gu bheil an Leabharlann na dheagh àite airson rannsachadh Gàidhlig.

Comas agus leasachadh sgilean luchd-obrach

Mar a dh'ainmeachadh roimhe, tha againn an-dràsta aon neach-obrach a-mhàin a tha fileanta sa Ghàidhlig; stèidhichte aig Tasglann Sgrion Alba an Glaschu. Tha sinn air clasaichean Gàidhlig a chuir air dòigh do luchd-obrach fad grunn bhliadhnaichean, le mu fhichead neach a' dol thuca. Tha triùir dhiubh sin air a dhol air adhart gu SQA Àrd Ìre agus gu cùrsaichean eile air astar, le triùir aca a' faighinn taic bho NLS am-bliadhna. Anns na beagan bhliadhnan a dh'aom, thathas air fòcas a chur air a' phrògram seo gus an coinnich e ri sgilean agus riatanasan dhreuchdan fa leth, seach a bhith na sheirbheis do neach-obrach sam bith; leis is gu bheil an NLS a' toirt seachd 50% de dh'ùine-sgrùdadh an luchd-ionnsachaidh. Tron dòigh-obrach seo, tha e air a bhith comasach dhuinne dèiligeadh ri pròiseasadh agus catalogadh stuth Gàidhlig agus cur ri Clàr Leabhraichean Gàidhlig na h-Alba. An dèidh do luchd-obrach air an dreuchd a leigeil dheth bho chionn ghoirid, chan eil an ceart uiread de dh'eòlas cultarail againn air stuth Gàidhlig an Dùn Èideann. Chan urrainn don t-suidheachadh seo leantainn oir tha e a' cur casg air comas NLS a bhith a' brosnachadh dhaoine a bhith a' cleachdadh agus a' rannsachadh eileamaid gu math cudromach de na cruinneachaidhean Albannach againn.

Tha sinn, uime seo, a' cur romhainn gun tèid neach-obrach fhastadh mar ghlèidheadair nan cruinneachaidhean Gàidhlig de gach seòrsa (m.e. leabhraichean, irisean, làmh-sgrìobhainnean, didseatach, ceòl, msaa). Cuiridh seo gu mòr ri comas NLS a thaobh eadar-mhìneachadh agus tarraing aire chun nan goireasan Gàidhlig againn; ag obair an co-bhoinn ri luchd-obrach air feadh NLS aig a bheil (agus aig am bi fhathast) ùidh agus a tha a' dèiligeadh ri cuspairean agus goireasan Gàidhlig (Gnìomh 21).

A bharrachd air seo, cruthaichidh sinn cothroman don luchd-obrach eile piseach a thoirt air an tuigse is mothachadh a thaobh na Gàidhlig agus an t-àite a th' aice an Alba an là an-diugh le trèanadh ga thoirt seachad tron t-Seachdain Ionnsachaidh aig Obair. Tha seo na cothrom ionnsachaidh a tha air a bhith ann dreis, a tha gu math soirbheachail a tha a' tachairt turas no dhà sa bhliadhna do luchd-obrach a tha airson barrachd eòlais agus tuigse a bhith aca air cuspairean nach buin gu ìre mhòr do bhun-dleastanasan nan dreuchdan aca. Nì sinn oidhirp ach am faigh sinn cothroman air co-obrachadh le buidhnean ceudna leithid NGS agus NMS a thaobh ghnòthaichean mar seo (Gnìomh 22).

Mar phàirt de ar 'frèam-obrach chomasan', nì sinn measadh air dreuchdan sa bheil sgilean Gàidhlig a dhìth agus cuiridh sinn gnothaichean air dòigh mar a tha iomchaidh, bidh buaidh aig seo air fastadh agus sanasachadh dhreuchdan. Mar eileamaid den phròiseas seo, bidh sinn mothachail do dh'fheumalachdan sònraichte air sgilean Gàidhlig aig luchd-obrach a tha a' coinneachadh ris a' phoball (Gnìomh 23). Is e cnag na cùise gu bheil NLS gu mòr airson is gun lean agus gun leasaichear trèanadh sa Ghàidhlig thar an ama ri teachd.

Seirbheisean air an libhrigeadh le buidhnean treas pàrtaidh

Far a bheil seirbheisean gan cur a-mach gu tairgse, cuirear fios gu buidhnean-tairgse gu bheil Plana Gàidhlig NLS ann, agus far an gabh a dhèanamh thèid iarraidh air

cunradair/buidheann treas-pàrtaidh cuideachadh ga chur an gnìomh. Bidh seo fìor gu h-àraidh nuair a dh'fheumas a' bhuidheann treas-pàrtaidh/cunradair dèiligeadh ri stuthan Gàidhlig.

Ainmichidh NLS am Plana Gàidhlig an sgrìobhainnean nan cùmhnantan coitcheann airson seirbheisean agus bathar a cheannach (Gnìomh 24). Tarraingidh sinn aire bhuidhnean-tairgse chun a' Phlana agus gu amasan a' Phlana gu h-àraidh far a bheil buntanas mòr ann don Ghàidhlig (m.e. tha an cùmhnant a' buntainn ri stuthan Gàidhlig).

5. Maoinachadh

Mar a tha fìor le buidhnean poblach eile, tha maoinachadh NLS air a dhol sìos leis a' chuingealachadh ann am maoinachadh poblach san fharsaingeachd. Tha seo a' ciallachadh gu bheil co-dhùnaidhean againn ri dhèanamh air mar a thèid an t-airgead a th' againn a chosg, agus tha seo fìor mar an ceudna a thaobh iomairtean Gàidhlig. Tha sinn, mar seo, feuchainn gun a bhith a' cur romhainn gnothaichean a dhèanamh far nach airgead le cinnt againn air an son. Nì sinn oidhirp mhòr gus comasan Gàidhlig NLS a leudachadh, le prìomhachas ga chur air fastadh ghlèidheadairean, cho luath 's as urrainn – le aire do na tha ann de chuingealachadh a thaobh àireamh luchd-obrach agus ionmhas.

Cuiridh sinn a-steach airson maoinachadh airson iomairtean a' Phlana, le dùil againn gun gabh sinn brath air gach comas a nochdas gus maoinachadh a thoirt a-steach mu choinneamh iomairtean fa leth (Gnìomh 25).

6. Measadh agus sgaoileadh fiosrachadh

Aon uair is gum faigh e aonta, thèid am Plana seo fhoillseachadh air làrach-lìn NLS (mar a tha an dreach Phlana air a bhith bhon Iuchar 2011). Thèid seo a chomharradh tro ar litir-naidheachd dealanach agus tarraingidh sinn aire luchd-obrach chun an dreach mu dheireadh dheth. A bharrachd air na buidhnean as àbhaist fiosan naidheachd fhaighinn, sgaoilear fios mun Phlana am measg nam buidhnean Gàidhlig.

Thèid gnìomhan a' Phlana seo a stèidheachadh am planaichean roinneil is corporra NLS, leis na dleastanasan air an cur air na h-àrd-mhanaidsearan as iomchaidh; le tomhas adhartais na rud stèidhichte agus gnàthach.

Bidh am Plana seo na phlana reachdail foirmeil a mhaireas fad còig bliadhna a-mach bho aonta ga ruighinn le Bòrd na Gàidhlig air neo gus an tig plana ùr na àite.

Is ann air an Leabharlannaiche Nàiseanta agus air a' Cheannard a tha an dleastanas gun tèid gealltanasan a' Phlana seo a thoirt gu buil.

7. Am Plana Gnìomha

	Gnìomh	Cuin	Cosgaisean	Geàrr-iomradh
	Cruinneachadh			
1	Gun tèid cruinneachadh cho coileanta 's as urrainn a dhèanamh de stuth Gàidhlig an là an-diugh.	leantainn	Airson stèidheachadh am buidseatan nan roinnean (mu £2,500 airson stuth neo-chraolaidh)	Tha sinn an-dràsta a' trusadh mu 210 foillseachaidhean Gàidhlig gach bliadhna, an cuid as motha dhiubh tro thasgadh laghail. Tha e a' cosg mu £10 gach rud a phròiseasadh agus a chatalogadh. Cumaidh sinn oirnn a' ceannach stuth Gàidhlig eile leithid làmh-sgrìobhainnean agus film nach eil a' tighinn fo bhuidhe laghan Tasgadh Laghail agus gus cur ri ar cruinneachaidhean de chraobh-sgaoileadh.
2	Nìthear cinnteach gu bheil làraichean-lìn Gàidhlig air an riochdachadh nar n-obair tasgaidh air an eadar-lìon.	An eisimeil cur an gnìomh Achd Tasgadh Laghail-E (E-Legal Deposit)	Airson stèidheachadh am buidseatan nan roinnean	Mar a tha fios le Leabharlannan de Thasgadh Laghail eile anns an Rìoghachd Aonaichte, nì sinn barrachd obair-chruinneachaidh air foillseachaidhean eileagtronaigeach leithid làraichean-lìn. Gabhaidh sinn suim do stuth Gàidhlig am poileasaidh trusaidh NLS.
3	Nìthear cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a riochdachadh gu làidir ann an Tasglann Fuaim na h-Alba – rud a tha san amharc.	Chan eil fhios aig an àm seo	Airson gabhail a-steach mar eileamaid de chosgaisean a' phròiseict	Tha dùil aig NLS Tasglann Fuaim na h-Alba a chruthachadh airson a dhol maille ris na cruinneachaidhean againn agus an leudachadh. Tha sinn a' meas seo mar rud a fhreagras gu mòr air glèidheadh agus brosnachadh na Gàidhlig.
	Foghlam, Ionnsachadh agus Ruigsinneachd			
4	Cuir sinn barrachd stuth Ghàidhlig an cruth didseatach	31.12.2015	Airson gabhail a-steach am buidseatan roinnean agus an eisimeil	Leanaidh an obair againn a' cur cuid de nithean Gàidhlig an cruth didseatach mar phàirt de phrògraman didseataisidh NLS air am maoinneachadh leinn fhìn agus siridh sinn maoinneachadh bhon taobh a-muigh gus an obair

			maoineachaidh bhon taobh a-muigh	seo a leudachadh. Tha mòran leabhraichean Gàidhlig nach eil fo bhuaidh chòraichean-sgrìobhaidh a fhreagradh air a chur an cruth didseatach nach eil air Pròiseact nan Leabhraichean Gàidhlig de Thasglann an Eadar-lìn (Internet Archive Gaelic Books Project). Tha glèidheadairean nan leabhraichean teirce air 800 leabhar a lorg airson didseataiseadh mar phàirt den phrògram seo eadar 2012-15. Tha metadata ga dheasachadh gus am bi seo fosgailte do dhaoine on Mhàrt 2013 a-mach. Thèid 2,000 a bharrachd duilleagan làmh-sgrìobhainnean Gàidhlig (à Alba, an cuid as motha) a chur an cruth didseatach tron phròiseact Meamram Páipéar Ríomhaire (ISOS) thar 2012-13.
5	Cruthaichidh sinn goireasan dà-chànanach air an làrach-lìn Alba air Sgrion	An eisimeil maoinic haidh	Maoineachadh bho Fhoghlam Alba	Stiùiridh Tasglann Sgrion Alba am pròiseact seo, an co-bhoinn ri Foghlam Alba (ES).
6	Cruthaichidh sinn goireas mòr dà-chànanach don Ionad-ionnsachaidh a bhuineas do dh'eachdraidh/dualchas nan Gàidheal	1.4.2014	Gun dearbhadh fhathast	Chan eil maoinicadh ann airson a' phròiseict seo fhathast agus cha tèid e air adhart gun taic-airgid bhon taobh a-muigh, an aon rud ris na pròiseactan foghlaim eile.
7	Cruthaichidh sinn goireasan agus seirbheisean do theaghlaichean Gàidhlig agus do dh'Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig	2012-13	Airson stèidheachadh am buidseatan nan roinnean	Tha sinn a' rannsachadh chothroman airson stuth Gàidhlig a ghabhail a-steach an lùib phasganan ionnsachaidh sgoiltean agus sinn gan ùrachadh a rèir a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais
8	Thèid àrdachadh a dhèanamh air inbhe Chlàr-leabhraichean Gàidhlig na h-Alba (BOSG) cho math ri rannsachadh a thaobh leudachadh	31.12.13	Airson stèidheachadh am buidseatan nan roinnean	Tomhas: sgrùdaidh sinn mar a thathas a' cleachdadh agus a' rannsachadh le BOSG.
9	Thèid eadar-aghaidh cataloig an leabharlainn a dhèanamh dà-chànanach, le cuideachd an t-	31.12.13	Airson stèidheachadh am buidseatan nan	Tha an obair seo, a tha a' toirt cothrom do dhaoine coimhead air còig millean clàraidhean, a' ciallachadh gur e Leabharlann Nàiseanta na h-Alba

	inneal-rannsachaidh ga chur an cruth Gàidhlig. Leudachadh air eadar-aghaidh Gàidhlig.	31.12.14	roinnean	a' chiad leabharlann mòr rannsachaidh an Alba le eadar-aghaidh air-loidhne a tha dà-chànanach (Gàidhlig is Beurla). Bidh seo na chuideachadh a chum nithean sna cruinneachaidhean Gàidhlig a lorg agus a chleachdadh.
10	Siridh agus gabhaidh sinn cothroman air nithean Gàidhlig a leigeil a-mach air iasad airson taisbeanaidhean poblach	2012-13	Airson stèidheachadh am buidseatan nan roinnean	Siridh agus gabhaidh sinn cothroman air stuth Gàidhlig a leigeil a-mach air iasad do bhuidhnean com-pàirt far a bheil gnòthaichean ceart agus freagarrach a thaobh ruigsinneachd, glèidheadh agus teàrainteachd.
11	Àrdaichidh sinn inbhe nan cruinneachaidhean Gàidhlig agus lorgaidh sinn cothroman air pròiseactan le com-pàirtean a leithid Urras Leabhraichean nan Eilean, Torbear, Comhairle nan Leabhraichean, Birlinn agus Fèis Leabhraichean Ullapuil	Leantainn each	Airson stèidheachadh am buidseatan nan roinnean	Tha sinn a' toirt piseach air mothachadh agus tuigse mu bhuidhnean agus tachartasan Gàidhlig (feuch Leas-phàipear 1 airson liosta slàn de bhuidhnean Gàidhlig an Alba).
12	Nearthaichidh sinn dàimhean le Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba, Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba gus poileasaidhean agus obair-ghnìomha èifeachdach a bhith againn a thaobh na Gàidhlig	Leantainn each		Nì sinn rannsachadh feuch a bheil cothrom ann goireasan eadar-mhìneachadh agus eadar-theangachadh Gàidhlig a roinn eadar diofar bhuidhnean.
13	Nìthear neartachadh air na dàimhean againn le Sabhal Mòr Ostaig	Bho 2012 a-mach		Dàimh sheasmhach ann le leabharlannaiche na Colaiste. Chaidh Leabharlannaiche Nàiseanta is Ceannard NLS, an Iar-leabharlannaiche Nàiseanta, Àrd-ghlèidheadair nan Leabhraichean Teirce agus Glèidheadair Tasglainn Sgrìon Alba a thadhail air SMO san Fhaoilleach 2012.

14	Tha luchd-obrach NLS ag obair air làmh-sgrìobhainnean Gàidhlig an coluadair le àrd-sgoilearan Gàidhlig aig diofar oilthighean, agus ag obair còmhla riutha gus na làmh-sgrìobhainnean againn a dhèanamh nas fhasa do dhaoine a leughadh.	Leantainn each: cìad thoradh na h-obrach an 2013-14		Tha na h-Àrd-Ollamhan Uilleam MacGillÌosa agus Dòmhnall Meek ag obair air dreach ùr de Leabhar Deathan Lios Mòir airson a chur air-loidhne. B' àbhaist don dithis seo a bhith nan àrd-ollamhan Gàidhlig ann an Oilthigh Dhùn Èideann. Cuirear seo an-àird air làrach-lìn NLS maille ri dealbhan didseatach.
15	Planaichean san amharc airson sreath de colloquia air làmh-sgrìobhainnean Gàidhlig, air a ruith an co-bhonn ri Roinn na Ceiltis, Oilthigh Dhùn Èideann	2014	Airson stèidheachadh am buidseatan nan roinnean	Thèid dèiligeadh an toiseachd le Làmh-sgrìobhainn Ghleann Masain, fear de na h-ulaidhean as ainmeil againn; tha sinn an dòchas gum foillsichear na pàipearan a thèid a thoirt seachad aig na Colloquia co-bhann seo ann an sreath de leabhraichean. Eisimpleir de choluadair agus de cho-obrachadh is de phlanaichean san amharc a dh'fhosgla na làmh-sgrìobhainnean a-mach don mhòr-shluagh, agus aig an aon àm a chuireas ri cliù an Leabharlainn mar deagh àite airson rannsachadh na Gàidhlig.
16	Tha glèidheadairean NLS tric a' toirt trèanadh intrigidh seachad do dh'iar-cheumnaichean agus a' cumail cho-labhairtean a' toirt cothrom do luchd-obrach is oileanaich aig oilthighean làmh-sgrìobhainnean NLS a sgrùdadh còmhla	Leantainn each		Tha sinn ann an coluadair le Comann Litreachas Gàidhlig na h-Alba, luchd-obrach aig Pròiseact MhicGilleMhìcheil MhicBhatair aig Leabharlann Oilthigh Dhùn Èideann, Sgoil Eòlais na h-Alba agus Sabhal Mòr Ostaig.

	Gnothaichean corporra			
17	Cuirear am modh-obrach air a mhìneachadh an earrann 4 an gnìomh gus tomhas a dhèanamh air an fheum airson Gàidhlig air soidhnichean, bileagan is air-loidhne	2012 a-mach	Stèidhichte ann am buidseatan nan roinnean fa leth	Thèid modh-obrach a tha a' tomhas na h-ìre de Ghàidhlig as còir a bhith an eadar-mhìneachadh, foillseachaidhean is soidhnichean, aig ionadantadhail, taisbeanaidhean is air-loidhne a chur an gnìomh sa bhad.
18	Cuirear an gnìomh an suaicheantas ùr dà-chànanach	2012	Stèidhichte ann am buidseatan nan roinnean fa leth	Tha suaicheantas ùr aig NLS a tha dà-chànanach le Gàidhlig is Beurla. Tha e ga chur an gnìomh an ceumannan.
19	Cumaidh sinn dàimhean làidir le com-pàirtean leithid Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba is Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba a chum poileasaidh is obair-ghnìomha èifeachdach a thaobh na Gàidhlig	2012 a-mach	Stèidhichte ann am buidseatan nan roinnean fa leth	Rè deasachadh a' Phlana, tha NLS air conaltradh le Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba is Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba, agus leasaichidh sinn na dàimhean seo a chum ghnìomhan sa bheil luach agus a tha cosg-èifeachdach.
20	Thèid buidhnean com-pàirt Gàidhlig a lorg is dàimhean leotha a neartachadh ann an dòigh stiùirichte, dealbhaichte. Cuirear ceanglaichean ri buidhnean Gàidhlig iomchaidh air www.nls.uk	2012 a-mach	Airson stèidheachadh am buidseatan nan roinnean fa leth	Mar eileamaid de ar n-obair chom-pàirteachail, bidh measadh ann air gnothaichean Gàidhlig. Nì sinn oidhirp gus ceanglaichean le foillsichearan Gàidhlig agus Comhairle nan Leabhraichean a neartachadh a chum cruinneachadh coileanta a bhith againn.
21	Thèid glèidheadair fhadthad le dleastanas sònraichte airson chruinneachaidhean Gàidhlig	2012-2013	£31,500 (pàirt de bhuidseatan iomlan)	Thèid glèidheadair fhadthad (le tuarastal aig Rang 5 air ìre thuarastail NLS) le sgilean is eòlas sa Ghàidhlig is air dualchas agus eachdraidh nan Gàidheal le comas aice/aige a bhith ag eadar-mhìneachadh agus a' togail inbhe chruinneachaidhean Gàidhlig de gach seòrsa. Thèid glèidheadair fhadthad nuair a thig beàrnan an-àird ach thathas an dùil gun tèid fhadthad san ath dhà bhliadhna. Nì sinn rannsachadh cuideachd feuch a bheil cothroman ann dreuchdan a roinn le Ionadan Chruinneachaidhean Nàiseanta eile.

22	Thèid trèanadh air Mothachadh na Gàidhlig a thabhainn mar phàirt den t-seachdain 'Ionnsachaidh aig Obair'	2012 a-mach	Airson stèidheachadh am buidseatan nan roinnean fa leth	Tha NLS a' cumail seachdain no dhà de 'Ionnsachadh aig Obair' gach bliadhna, tòisichidh sinn air trèanadh air mothachadh na Gàidhlig do luchd-obrach NLS, agus NGS is NMS ma tha ùidh aca. Sheall an sgrùdadh air sgilean luchd-obrach gun robh naoinear luchd-obrach a bha airson Gàidhlig ionnsachadh. Tha an-dràsta triùir a' dèanamh cùrsa agus iad air am maoinachadh le NLS.
23	Mar eileamaid de fhrèam-obrach comais NLS, nìthear measadh air cò iad na dreuchdan a tha feumach air sgilean Gàidhlig, le trèanadh ga thoirt seachad dhaibh a rèir seo. Nì sinn leasachadh air seo gus fastadh is sanasachd a ghabhail a-steach. Thèid am measadh seo a dhèanamh a rèir a' mhodh-obrach a dh'ainmeachadh gu h-àrd.	2012 – a-mach	Airson stèidheachadh am buidseatan nan roinnean fa leth	Thèid measadh a dhèanamh air seo mar phàirt der frèam-obrach 'leasachadh sgilean' agus thèid a chur an gnìomh mar rud gnàthach, le prìomhachas ga chur air luchd-obrach a tha a' dèiligeadh ris a' phoball.
24	Thèid Plana Gàidhlig NLS ainmeachadh ann an sgrìobhainnean chùmhnanntan coitcheann le NLS far a bheil seirbheisean is bathar gan ceannach.	2012 a-mach	Airson stèidheachadh am buidseatan nan roinnean fa leth	
25	Thèid taic-airgid a lorg mu choinneamh phròiseactan a nì leasachadh air trusadh, glèidheadh, agus fosgladh an-àird nan cruinneachaidhean Gàidhlig.	2012 a-mach	Chan eil fhios	Nì NLS ath-mheasadh air an dòigh sa bheil maoinachadh ga shireadh rè 2012-13, an dèidh crìoch a chuir air pròiseact mòr Tasglann John Murray; a' coimhead ri cothroman ùra air trusadh, glèidheadh agus togail inbhe chruinneachaidhean Gàidhlig.

Barrachd fiosrachaidh

Ma tha ceist no beachd sam bith agad air a' Phlana, cuir fios gu:

Helen Lessels no Michelle Christie
Rùnaire Conaltraidh is Iomairt
Leabharlann Nàiseanta na h-Alba
Drochaid Sheòrais IV
Dùn Èideann
EH1 1EW
h.lessels@nls.uk no m.christie@nls.uk
0131 623 3740

Àrd-oifigear an urra ris a' Phlana:
Alexandra Miller
Ceannard Conaltraidh is Iomairt
Leabharlann Nàiseanta na h-Alba
Drochaid Sheòrais IV
Dùn Èideann
EH1 1EW
a.miller@nls.uk
0131 623 3760

www.nls.uk

**Ma tha thu feumach air an sgrìobhainn seo an dreach eile, cuir fios gu
0131 623 3740 airson bruidhinn air na tha a dhìth ort.**

Tha Leabharlann Nàiseanta na h-Alba na buidhinn charthannais clàraichte an Alba.

Àireamh Carthannais Albannach. SC011086

Leas-phàipear 1: Buidhnean Gàidhlig an Raon Obrach NLS Ceangalan | Links

www.abdn.ac.uk/celtic	Roinn na Ceiltis Oilthigh Obar Dheathain	Aberdeen University Celtic Studies
www.ablekids.co.uk	Goireasan Gàidhlig Chloinne	Children's Gaelic Resources
www.albacampervans.com	Alba Campervans	Alba Campervans
www.ambaile.org	Am Baile	The Gaelic Village
www.acairbooks.com	Acair Earranta	Acair Limited (Gaelic Publishers)
www.acgmod.org	An Comunn Gàidhealach	Royal National Mod
www.ainmean-aite.org	Ainmean-Àite na h-Alba	Gaelic Place-Names of Scotland
www.gaelicplacenames.org		
www.angusmacleodarchive.org.uk	Tasglann Aonghais MhicLeòid	The Angus MacLeod Archive
www.anlochran.co.uk	An Lòchran	Glasgow Gaelic Centre
www.anseotal.org.uk	Stòr-dàta Briathrachais Gàidhlig airson àrd-sgoiltean	Gaelic Terminology Database for secondary schools
www.aros.co.uk	Ionad cultair is eile am Port Rìgh	Cultural centre and more in Portree
www.bbc.co.uk/alba	BBC Alba - Làrach Ghàidhlig a' BhBC	BBC Scotland's Gaelic website
www.bocan.tv	Cartùnaichean, sgeulachdan is eile	Cartoons, stories and more
www.canan.co.uk	Cànan Earranta	Cànan Limited (Gaelic Publishers)
www.celtscot.ed.ac.uk	Roinn na Ceiltis Oilthigh Dhùn Èideann	Edinburgh University Celtic Department
www.ceolas.co.uk	Sgoil-chiùil Gàidhlig	Gaelic Music Summer School in the Hebrides
www.clanngaidhlig.org	Clann Gàidhlig	Promoting Gaelic in West Central Scotland
www.cli.org.uk	Cli Gàidhlig	Gaelic access and promotion organisation
www.cnpportrigh.co.uk	Comann nam Pàrant Phort Rìgh	Portree Comann nam Pàrant
www.cne-siar.gov.uk	Comhairle nan Eilean Siar	Western Isles Council
www.colmcille.net	Colm Cille	Project linking Ireland and Scotland
www.crofterscommission.org.uk	Coimisean nan Croitearan	Crofter's Commission
www.deasbadbtalba.com	Deasbad BT Alba	BT National Schools Debate
www.dorus-ealain.com	Doras na h-Ealain Gàidhlig	Gaelic Arts Portal
www.gaelic-arts-portal.com		
www.duneideann.net	Gàidhlig ann an Dùn Èideann	Gaelic in Edinburgh
www.ed-coll.ac.uk	Colaiste Telford Dhùn Èideann	Offers a variety of Gaelic Courses by Distance Learning
www.feisean.org	Fèisean nan Gàidheal	Gaelic Festivals
www.gaeilge.ie	Foras na Gaeilge (Gàidhlig na h-Èireann)	Irish Gaelic information portal
www.gaelic4parents.com	Gaelic4Parents	Gaelic for parents with children in GME
www.gaelicbooks.org	Comhairle nan Leabhraichean	Gaelic Books Council
www.gaelic-rings.com	Cearcaill na Gàidhlig	Gaelic rich journeys through Scotland's West Highlands and Western Isles
www.gaelic-arts.com	Pròiseact nan Ealan	National Gaelic Arts Agency
www.gaelic-scotland.co.uk	Alba na Gàidhlig	Gaelic Scotland - Official Tourism Portal
www.gaidhlig.org.uk	Bòrd na Gàidhlig	Statutory body responsible for Gaelic development promotion
www.glaschu.org	Iomairt Ghàidhlig Ghlaschu	Growing Gaelic in Glasgow
www.glasgow.gov.uk	Comhairle Baile Ghlaschu	Glasgow City Council
www.glasgowlife.org.uk/glaschu-beo/	Glaschu Beò	Glasgowlife

www.gsi.org.uk	Comunn Gàidhlig Inbhir Nis	The Gaelic Society of Inverness
www.hebrideanconnections.com	Ceanglaichean Innse Gall	Genealogy, history and more
www.hie.co.uk	Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean	Highlands and Islands Enterprise
www.highland.gov.uk	Comhairle na Gàidhealtachd	The Highland Council
www.ile-diura.org	Iomairt Ghàidhlig Ìle is Dhiùra	Islay and Jura Gaelic Initiative
www.inbhirnis.org	Fòram Gàidhlig Inbhir Nis	Inverness Gaelic Forum
www.inverness-scotland.com	Fiosrachadh mu Inbhir Nis	Inverness Scotland
www.iomairt-lochabair.org	Iomairt Ghàidhlig Loch Abair	Lochaber Gaelic Initiative
www.isleoftiree.net	Naidheachdan Thiriodh agus Albannach, le Gordon Scott	Tiree and Scottish News by Gordon Scott
www.learnghaelic.net	Goireasan Ionnsachaidh	The 1 Stop Shop for Learning Gaelic
www.leirsinn.smo.uhi.ac.uk	Lèirsinn	Research centre on the Isle of Skye
www.lews.uhi.ac.uk	Colaiste a' Chaisteil	Lewis Castle College (Isle of Lewis)
www.ltscotland.org.uk/gaidhlig/	Gàidhlig Air-loidhne	Learning and Teaching Scotland
www.mgalba.com	MG Alba	MG Alba
www.milc-uk.co.uk	DVD Seinn thu fhèin!	MiLC
www.myspace.com/antoisean	Goireas choimhearsnachd ann am Baile Eòghainn	Gaelic Community Resource in Evanton
www.parant.org.uk	Comann nam Pàrant	Information on Gaelic Medium Education
www.ravenspoint.co.uk	Ionad Rubha an Fhithich	Ravenspoint Centre
www.sandramurray.co.uk	Sandra Mhoireach	Fashion Designer
www.schottisch-gaelisch.de	Ionad na Gàidhlig is a Cultar sa Ghearmailt	Gaelic and Culture centre in Germany
www.scotland.gov.uk	Riaghaltas na h-Alba	The Scottish Government
www.scottish.parliament.uk	Pàrlamaid na h-Alba	The Scottish Parliament
www.scottish.parliament.uk/.....	Buidheann Thar-phàrtaidh Gàidhlig Pàrlamaid na h-Alba	Scottish Parliament Cross-Party Gaelic Group
www.seachd.com	Film	The Inaccessible Pinnacle
www.skocia.hu	Albannach	Information about Gaelic and Scotland (mostly in Hungarian)
www.smo.uhi.ac.uk	Sabhal Mòr Ostaig	Scotland's Gaelic College
www.speyghaelic.org	Gàidhlig ann an sgìre Bhàideanach agus Shrath Spè	Gaelic in the Badenoch and Strathspey area
www.sradagan.org	Sradagan	Gaelic Children's Clubs
www.storlann.co.uk	Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig	National Gaelic Educational Resource Centre
www.teagasg.com	Teagasg Gàidhlig	Gaelic Teaching
www.gaelicteaching.com		
www.theislandsbooktrust.com	Urras Leabhraichean nan Eilean	The Islands Book Trust
www.tiriodh.ed.ac.uk	Pròiseact Thiriodh	Tiree Project
www.tobarandualchais.co.uk	Tobar an Dualchais	National Gaelic Archive
www.uhi.ac.uk	Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean	University of the Highlands and Islands
www.wix.com/Cearcall/Cearcall-Comhraidh-Fiobha	Cearcall Còmhraidh Fìobha	Fife Conversation Circle